

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD
SEIRBHEIS A' CHÙRAIM AGUS AN IONNSACHAIDH
SÒNRACHADH NEACH
CEANNARD-SGOILE – Bun-Sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

SLATAN-TOMHAIS TAGHAIDH	RIATANACH <i>(ìrean freagarrach gus an obair a choileanadh gu h-èifeachdach)</i>
EÒLAS	1. Co-dhiù còig bliadhna de eòlas shoirbheachail mar thidsear no ann an dreuchd nas àirde ann am bun-sgoil. 2. Eòlas a bhith a' gabhail com-pàirt ann an leasachadh curraicealaim, fèin-mheasadh sgoile agus dealbhadh leasachail. 3. Fianais de chom-pàirt ann an leasachadh sgoile. 4. Fianais de chom-pàirt bho chionn ghoirid ann an leasachadh proifeiseanta.
FOGHLAM AGUS TEISTEANASAN	1. Clàradh iomlan le Comhairle Choitcheann Teagaisg na h-Alba mar thidsear.
COMASAN AGUS FEARTAN PROIFEISEANTA COITCHEANN	1. A' taisbeanadh misneachd agus smioralas. 2. A' cruthachadh is a' cumail suas deagh fhaireachdainn san sgoil. 3. A' toirt brosnachadh is misneachd do chàch. 4. A' conaltradh gu h-èifeachdach. 5. A' sealltainn co-fhaireachdainn do chàch. 6. A' cur luach air sgiobaidhean is ag obair tromhpa. 7. A' sireadh agus a' cleachdadh fiosrachadh. 8. A' smaoinachadh gu ro-innleachdail. 9. A' toirt breith ann an dòigh ghlic is a' dèanamh cho-dhùnaidhean iomchaidh. 10. A' comharrachadh agus a' fuasgladh dhuilgheadasan. 11. A' sealltainn tuigse phoilitigeach.
COMASAN SÒNRAICHTE	1. Fileanta sa Ghàidhlig. 2. Taic a thoirt do chànan is chultar na Gàidhlig. 3. Cuir lèirsinn an cèill agus thoir stiùir dhan sgoil – a' cruthachadh àrainneachd a bheir an lèirsinn seo gu bith bho latha gu latha. 4. Cruthaich suidheachaidhean is structaran gus taic agus leasachadh a thoirt do ionnsachadh is teagasg èifeachdach. 5. Leasaich raon ro-innleachdan gus dèanamh cinnteach gu bheil clann sàbhailte, oidichte, fallain, a' coileanadh, gnìomhach, measail, cunntachail agus com-pàirtichte san sgoil. 6. Leasaich structaran stiùiridh com-pàirteach a' gabhail a-steach dealbhadh, sgrùdadh agus measadh air an obair a tha sgiobaidhean agus daoine fa leth a' dèanamh. 7. Cruthaich, cùm suas agus neartaich dàimhean-obrach èifeachdach le luchd-obrach. 8. Leasaich agus cùm suas com-pàirteachasan le pàrantan, sgoilearan, Comhairle nam Pàrant, buidhnean bhon taobh a-muigh, agus a' choimhearsnachd. 9. Cùm rian air na goireasan a tha ri fhaotainn agus riarach iad gus taic a thoirt do ionnsachadh is teagasg èifeachdach.